

AR CLANN, AN ÀM TEACHDAIL

A' SOIRBHEACHADH
CÒMHLA

A' SOIRBHEACHADH CÒMHLA

MIANN-ADHARTAIS, ATH-LEUMACHD, COTHROMAS.

Tha an sgrìobhainn seo a' comharrachadh na h-ath ìre de ar ro-innleachd agus de ar rùintean a thaobh foghlam ann an Earra-Ghàidheal is Bòd.



‘Tha an iomairt “A’ Soirbheachadh Còmhla” na lèirsinn a thaobh mar a tha sinn airson ar cuid chloinne a bhith ag ionnsachadh, a’ leasachadh agus a’ fàs, a-nis agus san àm ri teachd. Lèirsinn a thaobh ar dòigh air libhrigidh dhaibh, taic a thoirt dhaibh, an dìon, an dùbhlachadh, am misneachd a thogail agus an sgilean a chumadh.

Le cuimse air còig raointean prìomhachais, tha an sgrìobhainn a’ mìneachadh na h-ath cheumannan a dh’fheumas sinn a ghabhail gus seo a choileanadh. Agus ’s e oidhirp choitcheann a tha riatanach – stèidheachdan, tidsearan agus pàrantan/ luchd-cùraim uile co-thaobhaichte a dh’ionnsaigh modh-obrach aonaichte agus co-cheangailte, airson feabhas a thoirt air ar cuid chloinne agus air am beatha ri teachd.

Tha an ath ìre de ar ro-innleachd air a leasachadh ann an co-rèir ri frèam-obrach Riaghaltas na h-Alba airson clann adhartachadh, a thaic agus a dhìon (**GIRFEC**); an Curraicealam airson Sàr-mhathais ann an Alba (**CfE**) a tha a’ càradh luchd-ionnsachaidh aig teis-meadhan foghlaim; Cunntadh nan NA air Còraichean Chloinne (**UNCRC**) a tha a’ mìneachadh chòraichean bunaiteach gach pàiste air feadh an t-saoghail; agus a tha air a chumadh tro eòlasan agus faireachdainnean chloinne sa choimhearsnachd air feadh Earra-Ghàidheal is Bhòid.

5 PRÌOMH RAOINTEAN PRÌOMHACHAIS



AN TOISEACH AS FHEÀRR DO LUCHD- IONNSACHAIDH

Tha àrainneachdan ionnsachaidh brosnachail aig gach neach-ionnsachaidh, a tha a' togail feòrachas, misneachd agus gràdh air ionnsachadh.



LUCHD- IONNSACHADH ÀRD-AMASAIL

Tha taic aig gach neach-ionnsachaidh agus iad dùbhlanaichte gu amas air an uile-dhìcheall a dhèanamh.



LUCHD- IONNSACHAIDH OILEANAICHTE

Tha cothrom aig gach neach-ionnsachaidh air soirbheachadh ann an àite sàbhailte, toilichte agus taiceil.



LUCHD- IONNSACHAIDH CO-CHEANGAILTE

Tha gach neach-ionnsachaidh gnìomhach nan coimhearsnachd ionadail is chruinneil.



LUCHD- IONNSACHAIDH FAD-BEATHA

Tha gach neach-ionnsachaidh a' faotainn buannachd bho chothroman air eòlas a shireadh, luach a chur air dùbhlann, faillte air atharrachadh, agus cumail ag ionnsachadh fad na beatha.

AN TOISEACH AS FHEÀRR DO LUCHD- IONNSACHAIDH

Tha àrainneachdan ionnsachaidh brosnachail aig gach neach-ionnsachaidh, a tha a' togail feòrachas, misneachd agus gràdh air ionnsachadh.



'Tha m' àite ionnsachaidh brosnachail, spreagail, eadar-obrachail agus in-ghabhalach.'

'Tha mi a' buntainn agus a' faireachdainn sàbhailte, luachaichte, urramaichte agus misneachail.'

'Tha iadsan mun cuairt orm ag obair còmhla gus mo chuideachadh le toileachas agus ùidh ann an ionnsachadh a lorg.'

'Tha na h-inbhich mun cuairt orm glè eòlach orm, mar sin tha an taic as fheàrr agam nuair a tha feum air.'

'Chan eil stad an sam bith nam ionnsachadh ge 'r bith cuin no càite a ghluais mi.'

'Tha inbhich agam a tha gam chuideachadh agus coibhneil rium.'

LUCHD-IONNSACHADH ÀRD-AMASAIL

Tha taic aig gach neach-ionnsachaidh agus iad dùbhланаichte gu amas air an uile-dhìcheall a dhèanamh.

‘Tha mi a’ faireachdainn sàbhailte taobh a-staigh m’ àrainneachd ionnsachaidh agus tha mi misneachail mu nithean ùra fheuchainn.’

‘Tha mo dhealas a thaobh ionnsachadh aithnichte, tha mi a’ faireachdainn soirbheachail nam ionnsachadh agus tha m’ euchdan comharraichte.’

‘Tha m’ àrainneachd ionnsachaidh gam bhrosnachadh gu ionnsachadh, a bhith feòrachail agus com-pàirt brìgheil a ghabhail.’



‘Is e neach-ionnsachaidh misneachail a th’ annam le dòchasan àrd mu nas urrainn dhomh a choileanadh.’

‘Tha mi an sàs ann am planadh agus measadh air m’ ionnsachadh agus tha fios agam mar a shuidhicheas mi mo chinn-uidhe fhìn.’

‘Tha na h-inbheach timcheall orm a’ cleachdadh fiosrachadh mu m’ ionnsachadh agus gam chuideachadh gu tuigsinn far a bheil mi nam ionnsachadh agus na dh’fheumas mi a dhèanamh.’

‘Tha m’ ionnsachadh eadar-dhealaichte, buntainneach, dùbhланach, spreagail agus com-pàirteachail dhomh.’

‘Tha mi air mo mhisneachadh leis gach neach gu bhith nam neach-ionnsachaidh as fheàrr dhomh a bhith.’

LUCHD- IONNSACHAIDH OILEANAICHTE

Tha cothrom aig gach neach-ionnsachaidh
air soirbheachadh ann an àite sàbhailte,
toilichte agus taiceil.



‘Tha mi air mo bhrosnachadh gu bhith
mi fhìn: tha mi gun choimeas agus tha mi
a’ cur luach air air-letheachd dhaoine eile.’

‘Tha gach neach ag obair còmhla gus dàimhean
dearbhaich a thogail agus tha cuideigin agam ris an
ròghnaich mi bruidhinn nuair a bhios feum agam air.’

‘Tha taic agam airson coimhead às dèidh
mo shunnd chorpiorra agus inntinn,
gus fulangas a leasachadh agus tlachd
fhaighinn à beatha fhallain.’

‘Tha mo choimhearsnachd ionnsachaidh
a’ tuigsinn gu bheil feum aig daoine air diofar
sheòrsaichean de thaic aig diofar amannan.’

‘Tha na daoine aig a bheil cùram dhomh agus
do mo choimhearsnachd sgoile, a’ tighinn
còmhla gus m’ fheumalachdan a choileanadh,
gam chuideachadh gu fàs agus leasachadh.’

‘Tha mi a’ creidsinn annam fhìn agus
tha fios agam gu bheil càch cuideachd.’

LUCHD- IONNSACHAIDH CO-CHEANGAILTE

Tha gach neach-
ionnsachaidh gnìomhach
nan coimhearsnachd
ionadail is chruinneil.

‘Tha mi air mo bhrosnachadh gu
bhith cruthachail is iomairteach.’

‘Is urrainn dhomh ionnsachadh
gu neo-eisimeileach mar phàirt
de sgioba agus mar bhall dem
choimhearsnachd.’



‘Is urrainn dhomh teicneòlas a
chleachdadh gu sàbhailte gus m’
ionnsachadh a dhèanamh nas fheàrr.’

‘Tha mi a’ faireachdainn nam phàirt
dem choimhearsnachd agus tha mi
mothachail do mar as urrainn do na sgilean a
dh’ionnsaich mi, cur ri mo choimhearsnachd/
eaconamaidh ionadail.’

‘Tha tuigse aig a’ choimhearsnachd do mo chòraichean
do bheil spèis aig na h-uile, tha seo gam dhèanamh a’
fàireachdainn in-ghabhailte agus urramaichte.’

‘Tha mi a’ leasachadh mar shaoranach
ionadail agus cruinneil tro ionnsachadh
airson seasmhachd, a tha a’ brosnachadh
gràdh agus spèis dom choimhearsnachd
agus don àrainneachd fharsaing.’

‘Thathar ag iarraidh mo smaointean agus mo
bheachdan ann an co-dhùnaidhean aig a bheil
buaidh orm, agus tha inbhich ag èisteachd
agus a’ freagairt do na tha agam ri ràdh.’

LUCHD- IONNSACHAIDH FAD-BEATHA

Tha gach neach-ionnsachaidh a' faotainn buannachd bho chothroman air eòlas a shireadh, luach a chur air dùbhlán, faillte air atharrachadh, agus cumail ag ionnsachadh fad na beatha.

‘Tha taghadh farsaing agam de chothroman a tha a’ cur taic rium gu coileanadh agus buannachadh, gus tlachd a ghabhail à soirbheachadh.’

‘Tha cothroman agam mo sgilean ceannardais a leasachadh agus is urrainn dhomh cuideachadh is taic a thoirt do chàch gu ionnsachadh air an slighe.’



‘Tha mi a’ tuigsinn nach eil ionnsachadh cuibhrichte do chuspairean sgoile a-mhàin, agus tha measgachadh de eòlasan agam gus sgilean a thogail airson ionnsachadh, beatha agus obair.’

‘Tha mi ag ionnsachadh gu bheil soirbheachadh agus cinn-uidhe dhearbhadh a’ coimhead diofraichte do gach neach.’

‘Tha mi nam neach-ionnsachaidh neo-eisimeileach, cùramach a tha comasach air cumail a’ dol agus ceistean fhuasgladh taobh a-staigh agus taobh a-muigh na sgoile.’

‘Cuiridh inbheach taic rium gus ceanglaichean fhaicinn nam ionnsachadh anns an sgoil agus taobh a-muigh na sgoile, gam chuideachadh gu mo sgilean a leasachadh a-nis agus don àm ri teachd.’

‘Tha mi a’ faotainn taic gu ceumannan a ghabhail airson àm teachdail toilichte agus misneachail a chruthachadh.’

CEISTEAN AGUS BEACHDAN

Ma tha ceistean agaibh mun an ro-innleachd ùr againn no ma tha molaidhean agaibh air mar is urrainn dhuinn an lèirsinn seo a thoirt beò, nach cuir sibh fios thugainn.

argyllhouwereception@argyll-bute.gov.uk



Taing do sgoilearan, luchd-obrach, pàrantan/luchd-cùraim agus com-pàirtichean nas fharsainghe, aig an robh molaidhean, smuaintean agus beachdan a chuidich le **Ar Clann, An Àm ri Teachd - A' Soirbheachadh Còmhla**. Tha na h-ìomhaighean uile de chlann agus de dhaoine òga Earra-Ghàidheal is Bhòid.